




Am Bàs Dubh



Am Bàs Dubh

Bhàsaich 2.5 millean duine ann am Breatainn eadar 1347 agus 1350




Bhàsaich 1/3 de dh'àireamh-shluaigh na Roinn Eòrpa



Aon fhreagairt, aon cheist

Air aon taobh den 'Post-it' sgrìobh aon phìos fiosrachaidh mu dheidhinn am Bàs Dubh.

...air an taobh eile sgrìobh rudeigin mu dheidhinn am Bàs Dubh a tha thu ag iarraidh ionnsachadh no ceist sam bith.



Am Bàs Dubh

AMASAN ..

Cunntas a thoirt air mar a ràinig am plàigh an Roinn Eòrpa

A' mìneachadh na h-adhbharan airson a' Bhàis Dhuibh

Cunntas a thoirt air comharran an dà phlàigh

A' rannsachadh buaidhean a' phlàigh air luchd-tàrsainn (survivors) agus an saoghal san fharsaingeachd

Tuigse fhaighinn air mar a dh'atharraich am plàigh an Roinn Eòrpa



Facclair

Galair = Disease or Infection

Galarachadh = Diseased or Infected

Long = Ship / Longan = Ships

lùdhaich = Jews

Cuipeadh = Whipping

Àireamh Sluaigh = Population

Ciamar a sgaoil am Bàs Dubh?



Gnìomh 1

Sgrìobh notaichean air a' mhapa a' cleachdadh an fhiosrachaidh a tha ri fhaighinn anns na 7 slides a leanas.

Dèan cinnteach gu bheil iad anns an òrdugh cheart a thaobh tìm!

Mar Eisimpleir



1345 – SIONA & NA H-INNSEACHAN

Sgrìobh cuideigin mu dheidhinn ceò agus adhar grod agus gu robh tòrr dhaoine a' bàsachadh.

1 & 2

Seo cunntas neach-sgrìobhaidh:

‘Ann an 1345, ann an Sìona agus na h-Innseachan, thuit teine bhon adhar agus ceò air an robh fàileadh grod, a mharbh mac-an-duine Bha an àite air fad air a ghalarachadh (infected).’



Ciamar a sgaoil am Bàs Dubh?



Ann an 1347 ràinig 12 longan (ships) baile Messina ann an Sicily.

“Bha an galar ann an cnàmhan nan seòladairean a bha cho dona ‘s gum biodh duine sam bith a bha a bruidhinn riutha a’ fàs tinn.”

Tràth ann an 1348 sgrìobh cuideigin ann an Florence mu bhàs nach dìochuimhnich e gu brath.


“S e fearg Dhè a dh’adhbharaich seo. Chaidh am baile-mòr a ghlanadh o shalchar agus cha robh e ceadaichte do dhaoine tinn a thighinn a-steach, ach cha do chuir càil stad air.”



Ciamar a sgaoil am Bàs Dubh?



“Anns an t-Ògmhios 1348, ann an Melcombe, Dorset, thàinig dà bhàta gu tìr. Bha aon de na seòladairean air an galar a thoirt leis à Gascony. Tron duine seo, b’ e Melcombe a’ chiad bhaile a bha air a ghalarachadh ann an Sasainn.”



1349. Rinn Ard-Mhèar (Lord Mayor) Lunnainn òrdugh airson na sràidean a ghlanadh.
“Tha am baile-mòr cho grod le salchar air taobh a-muigh nan taighean `s gu bheil an adhar làn ghalaran is am baile-mòr air a phuinnseanachadh.”



Ciamar a sgaoil am Bàs Dubh?



Ann an Strasbourg ann an 1349, chaidh lùdhaich an cuir gu bas le losgadh. Bha feadhainn a creidsinn gun robh na h-lùdhaich air an uisge-òl a phuinnseanachadh.



1349 - Anns a' Ghearmailt tha daoine Crìosdail gan cuipeadh (whipping) fhèin.

Bha iad a creidsinn gun do thachair am plàigh mar pheanas bho Dhia.



Bhàsaich cha mhòr 2.5 millean duine ann am Breatainn eadar 1347 agus 1350


Bhàsaich 1/3 de àireamh-shluaigh na Roinn Eòrpa



**Bha dà dhiofar plàigh ann:
A' Phlàigh Dhubh agus
A' Phlàigh Pneumonic**



A' phlàigh dhubh: Dè na comharran a bh'ann?




Latha 1

Cnapan (buboes) a bha meud ugh a nochdadh fon achlais agus aig a' bhlian (groin)



Latha 2

Bhiodh a neach a' cur a-mach




Latha 3



Dh'adhbhraich sileadh fala a-staigh (internal bleeding) patan (bruises) a bha a nochdadh air a' chraiceann



A' phlàigh dhubh: Dè na comharran a bh'ann?




Latha 4
Crùbadh-fèithe (muscle spasms) gun stad




Latha 5
Ma bha an neach gu math fortanach, bhiodh na cnapan a spreadhadh iongar (pus) dubh. Anns an t-suidheachadh seo bhiodh iad fhathast beò

Anns a' mhòr-chuid de shuidheachaidhean, ge-tà, bhiodh an neach a bàsachadh.

Plàigh Pneumonic : Dè na comharran a bh' ann?



Latha 1
Fiabhras
Ceann Goirt
Laigse



Latha 2
Duilgheadas a' gabhail anail

Pian broillich

Latha 3
Casadaich fala

Bàs



Task 1

Label the body with the different days and their symptoms; make a legend:
Use RED for the Pneumonic Plague and Black for the Bubonic Plague

FIOS

A' Phlàigh Bhiubonaic

A' Phlàigh Phniumonaic


Là a h - aon

Là a dhà

Là a trì

Là a ceithir

Là a còig



QUIZ

Càite na thoisich am Bàs Dubh?

Dè na beathaichean a bha toirt am Bàs Dubh bho dhùthaich gu dùthaich?

Ciamar a bha na beathaichean sin a' faighinn bho dhùthaich gu dùthaich?

Ainmich an dà sheòrsa plàigh?



Coimhead ...

<http://www.bbc.co.uk/education/guides/z7r7hyc/video>

Leugh ...

<http://www.bbc.co.uk/education/guides/z7r7hyc/revision/1>

Ciamar a bha daoine a' deiligeadh ri seo?

Bha seo a-rèir dè bh' iad a' smaoinichadh a dh' adhbhraich a' phlàigh sa chiad àite. Bha trì beachdan mu dheidhinn seo:

1. Bha a' phlàigh a' sgapadh a-measg dhaoine (bho dhuine gu duine)
2. Dh' adhbhraich droch eàdhar a' phlàigh
3. Gur e peanasachadh Dhè a bh' ann

Leugh am fiosrachadh a leanas sa chlàr. Leis an dol a-mach a bh' aca, dè bha na daoine seo a' smaoinichadh, 's docha, a dh' adhbhraich a' phlàigh? (faodadh tu a chuir ann am bar-rachd na aon bhocsa)

	Droch eàdhar	Duine gu duine	Peanasachadh Dhè
Tha daoine ag ràdh gum bu chòir dha lusan cùbhraidh a bhith agad			
Chuala mi gum bu chòir dhut aodach nan euslainteach leis a' phlàigh a losgadh			
Tha daoine a' coiseachd tro shràidean Lunnainn gan cuipeadh (sgiùrsadh) fhèin agus a' dèanamh ùrnaigh			
Ruith Easbaig Winchester air falbh – theich e!			
Chaidh feadhainn leis a' phlàigh air an glasadh an àrd, taobh a-staigh nan dachaidhean aca fhèin			
Tha daoine beartach air Lunnainn fhàgail 's chaidh iad a dh' fhuireachd ann an sgìrean eile na dùthcha, nach eil cho trang			

OBAIR CHRUTHAICHEIL

Leis an fhiosrachadh a fhuair thu bhon dà bhidio a chunnaic thu sa chlas, an leabhar sgoile agad agus an taisbeanadh (PP),

LE CARAID

Dèan bòrd-stòiridh an àrd mu dheidhinn a' Bhàis Dhuibh.

Feumaidh na leanas a bhith sa bhòrd-stòiridh agaibh:

- Mar a sgap a' phlàigh
- A' phlàigh; bha dà sheòrsa ann – dè na comharran diofraichte a bh' ann?
- Na rudan a dh' adhbhraich a' phlàigh (tha fios aig luchd-saidheans an diugh le cinnt), agus na rudan a bha daoine beò sna Meadhan Aoisean aig an àm, a' smaoinichadh...
- Na cungaidhean-leigheis/ioc-shlàintean a bh' aca sna Meadhan Aoisean...
- An droch bhuaidh air sluagh Bhreatainn's na Roinn Eòrpa
- An droch bhuaidh air feadhainn a ghlac a' phlàigh, ach mhair iad beò